



## **Siostam Taghadh a-mach à Tabhartas Bhall-bodhaige is Mhaothran agus na tha seo a' ciallachadh dhut**

Mar a dh'fhàsas tu dlùth ri aois 16, math dh'fhaodte gu bheil thu a' tòiseachadh air beachd a ghabhail air caochladh cho-dhùnaidhean caochladh, leithid rannsachadh no obraichean. Aon cho-dhùnad air am bu mhath leat math dh'fhaodte beachd a ghabhail, is e a bheil thu ag iarraidh a bhith nad thabhartaithe bhall-bodhaige no nach eil.

Tha an litir seo ann gus an lagh air tabhartas bhall-bodhaige is mhaothran ann an Alba, a tha an sàs bho aois 16, agus na roghainnean a tha agad a thoirt dod aire. Thathar a' gabhail air an lagh siostam 'ùghdarrachaidh air a mheas'. Thathar a' gabhail air seo gu tric siostam 'taghaidh a-mach' agus tha e a' ciallachadh gum bi thu air do mheas a bhith air aontachadh a bhith nad thabhartaithe nuair a dh'eugas tu, nas lugha na tha thu air cur romhad taghadh a-mach.

Tha roghainn agad a thaobh a bheil thu ag iarraidh a bhith nad thabhartaithe gus nach eil. Gheibh thu fiosrachadh nas mionaidiche mu na roghainnean agad air an ath dhuilleig. Cha bhi d' ainn air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige (ODR) na NHS gus an clàraich thu an roghainn agad, mar sin co-dhiù a chuireas tu romhad a bhith nad thabhartaithe no taghadh a-mach à tabhartas, bu chòir dhut seo a chlàradh air an ODR. Tha e cuideachd cudromach gun nochd thu an roghainn agad ri do phàrant/neach-gleidhidh, do theaghlach, do charaidean, no an fheadhainn as fhaisge ort, gus am bi fios aca dè dh'iarradh tu tachairt oir faodaidh iad cuideachd a dhèanamh cinnteach gun tèid an co-dhùnad agad a thoirt gu buil.

### **A' clàradh a' cho-dhùnaidh agad air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS**

Rach air-loidhne aig [www.organdonationscotland.org](http://www.organdonationscotland.org) no air fòn: 0300 123 23 23. Thèid cis nam fònaichean a ghearradh aig ìrean ionadail an t-solaraire agad.

Air neo, **iarr bileag-chlàraidh** le bhith a' sgrìobhadh gu **NHS Blood & Transplant, FREEPOST RRZKSHUX-SBCK, NHSBT, Fox Den Road, Stoke Gifford, Bristol, BS34 8RR**. Cuir a-steach do sheòladh-puist iomlan sa chonaltradh.

### **Riochdan eile den litir seo agus clàradh ruigsinneach**

Tha an litir seo ri faontainn ann Easy Read, Cànan-soidhnidh Breatainn, ann am Braille, ann an claisneachd agus sa chlò-mhòr. Thathar air a thionndadh gu iomadh cànan cuideachd. Tadhail air [www.organdonationscotland.org/resources](http://www.organdonationscotland.org/resources) no cleachd am fios mu chonaltradh gu h-àrd gus an litir seo iarraidh ann an riochd ruigsinneach.

Faodaidh tu an co-dhùnad agad mu thabhartas a chlàradh le **text chat**: 07860 034343 no **text relay**: 18001 0300 1232323. Faodaidh tu fios a chur cuideachd gu **ContactSCOTLAND-BSL** [www.contactscotland-bsl.org](http://www.contactscotland-bsl.org) far am faod **neach-mìneachaидh bhideo** conaltradh a chur air adhart.

Mar fhiosrachadh dhut, chan eil cothrom aig Riaghaltas na h-Alba air an fhiosrachadh phearsanta mu do dheidhinn gus an litir seo a chur a-mach. Dh'iarr sinn air Seirbheisean Nàiseanta NHS Alba, a bhios a' déanamh rianachd is dòn air an fhiosrachadh seo cuideachadh gus an litir seo a sgaoileadh. Gheibh thu barrachd fiosrachaiddh mu dheidhinn seo aig [www.nhsnss.org/services/practitioner/data-protection](http://www.nhsnss.org/services/practitioner/data-protection)

### **SGIOBA POILEASAIDH TABHARTAS IS TAR-PHLANNTACHADH BHALL-BODHAIGE**

## Cò air a bheir an lagh buaidh

Tha an lagh a' dualadh air neach sam bith aig aoi 16 agus os a chionn, seach neach a tha air a bhith a' fuireach ann an Alba nas lugha na 12 mhìos aig àm a' bhàis no cuideigin nach tuigeadh an lagh, mar eisimpleir cuideigin air a bheil ciorram-ionnsachaidh. Faodaidh daoine sna buidhnean seo co-dhùnadh a chlàradh fhathast, ach mura dèan iad sin agus ma dh'eugas iad ann an suidheachadh far am faod iad tabhairt, thèid iarraidh air an teaghlaich aca an uair sin co-dhùnadh mu thabhartas a dhèanamh.

## An co-dhùnadh agad

Ge b' e dè chuireas tu romhad – eadar gu bheil thu gu bhith nad thabhartaithe no a' taghadh a-mach à tabhairt, bu chòir dhut innse dha do phàrant/neach-gleidhidh agus dhan teaghlaich gus am bi fios aca dè dh'iarradh tu tachairt. Ma tha thu teagmhach a thaobh a bheil thu airson tabhairt gus nach eil, dh'fhaodadh a bhith bruidhinn mu dheidhinn le pàrant/neach-gleidhidh, inbheach earbsach no leis an teaghlaich is le caraidean cuideachadh riut gus co-dhùnadh a dhèanamh.

## Na roghainnean agad

Cha bhi ach mu 1% de dhaoine a' bàsachadh ann an dòigh a chuireas tabhartas bhall-bodhaige air chomas, mar sin tha a h-uile cothrom airson tìodhlac glè phrìseil. Is e co-dhùnadh pearsanta a tha ann an tabhartas agus tha roghainn agad a bheil thu ag iarraidh tabhartas a dhèanamh gus nach eil. Faodaidh tu an co-dhùnadh agad atharrachadh aig àm sam bith cuideachd. Seo na roghainnean a tha agad:

### Faodaidh tu an co-dhùnadh agad gun tabhartas a dhèanamh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS

- Tha seo a' ciallachadh gu bheil thu a' taghadh a-mach à tabhartas nam ball agus a' mhaothrain air fad agad.

### Ma tha thu ag iarraidh a bhith nad thabhartaithe, bu chòir dhut an co-dhùnadh seo a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige NHS.

- Le bhith a' dèanamh seo, bidh e nas phasa don teaghlaich no do na caraidean agad cuideachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid do cho-dhùnadh a choileanadh.
- Nam biodh tu deònach beagan sheòrsaichean de bhuill is de mhaothran agad a thabhairt, ach chan e feedhainn eile, faodaidh tu do roghainnean a dhèanamh soilleir nuair a bhios tu a' clàradh do cho-dhùnaidh.
- Bidh clàradh a' cho-dhùnaidh agad a bhith nad thabhartaithe cuideachd a' ciallachadh gu bheil thu ag aontachadh gum faodar cuid de dheuchainn-leigheis is de mhodhan-leigheis a dhèanamh ro do bhàs mar chuid de mhodh-obrach an tabhartais, leithid sampaill fola no fuail no sganaichean gath-òmair/os-fhuaim etc. Bhruidhneadh luchd-altraim sònraichte ris an teaghlaich agad mus tachradh iad seo. Faigh a-mach barrachd aig [www.organdonationscotland.org/testsandprocedures](http://www.organdonationscotland.org/testsandprocedures)
- Faodaidh tu clàradh gu bheil an creideamh agad cudromach air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS, agus thèid seo a mheas mar chuid den deasbad mu thabhartas leis an teaghlaich agad.

### Mura dèan thu dad agus mura clàraich thu an co-dhùnadh agad air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS

Ma chuireas tu romhad gun dad a dhèanamh, cha bhi d' ainm air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaige na NHS agus cha bhi co-dhùnadh sam bith air a chlàradh dhut. Tha seo a' ciallachadh:

- Bithear a' gabhail ris gu bheil thu ag aontachadh buill is maothran sònraichte a thoirt seachad airson thar-phlanntachadh nuair a dh'eugas tu.
- Thèid na beachdan as ùire agad iarraidh air an teaghlaich is air na caraidean agad fhathast gus dearbhadh nach tèid tabhartas air adhart nam b' e nach biodh tu air iarraidh.

- Bidh e a' ciallachadh cuideachd gu bheil thu ag aontachadh gum faodar cuid de dheuchainn-leigheis is de mhodhan-leigheis a dhèanamh ro do bhàs mar chuid de mhodh-obrach an tabhartais, leithid sampaill fola no fuail no sganaichean gath-òmair/os-fhuaime etc. Bruidhnidh luchd-altraim sònraichte ris an teaghlaich agad mus tachair iad seo. Faigh a-mach barrachd aig [www.organdonationscotland.org/testsandprocedures](http://www.organdonationscotland.org/testsandprocedures)

Faodaidh tu barrachd a leughadh mu shiostam taghaidh a-mach agus mu thabhairt bhall-bodhaige is mhaothran agus na thachradh nan rachadh tu nad thabhartaithe san duilleachan-fhiosrachaид seo [www.organdonationscotland.org/information-leaflet](http://www.organdonationscotland.org/information-leaflet)

Ma bhios barrachd cuideachaidh a dhìth ort fhèin, air do phàrant/neach-gleidhidh no air an teaghlaich agad gus tuigsinn dè tha siostam taghaidh a-mach bhall-bodhaige is mhaothran a' ciallachadh dhut, cuir fios gu **0300 123 23 23**.